



Teisteanais
Nàiseanta
2022

2022 Gàidhlig

Leughadh

Higher

Finalised Marking Instructions

© Scottish Qualifications Authority 2022

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.



General marking principles for Gàidhlig Reading Higher

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - (i) For questions that ask simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask candidates 'Mìnich...' or ask 'Ciamar...', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask candidates 'Seall mar a tha...', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Leughadh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<p>A dhà a-mach à:</p> <p>“Cha robh fhios aige dè bha a’ cur dragh air” - an-fhois/mì-chinnt</p> <p>“Cha robh e tinn, ach bha e air a shàrachadh” - draghail/tro-a-chèile na inntinn</p> <p>“Bha air a bhith a’ strì ùine mhòr ach bha a-nis air gèilleadh ris an dorchadas” - Dubhach/uallach air/lag/eagal</p>	2	
2.		<p>Bha e leis fhèin san taigh - b’ àbhaist cù a bhith aige ach bha fiù ’s an cù air falbh. - “gun robh an cù air teicheadh bho chionn bliadhna.”</p> <p>B’ àbhaist caraidean a bhith aige ach dh’fhàg iad e bho chionn fhada. - “S fhada bhon a bha gach companach eile air a thrèigsinn.”/“Bha e na aonar a-nochd ach cha b’ ann mar sin a bha e aig an aon àm”/“caraidean air gach taobh”/‘trèigsinn’</p> <p>Bha beatha shòisealta aige ach a-nochd tha e na aonar. - “deoch is ho-ro gheallaidh gu uairean beaga na maidne”/“Laithean sa bhaile mhòr...”</p>	3	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.		<p>A dhà a-mach à:</p> <p>“C-c-cò “ Tha stad na ghuth/tha e doirbh dha na faclan fhaighinn a-mach na eagal.</p> <p>Tha “guth fann” ag innse dhuinn mar a bhruidhinn Pòl. Chan urrainn dha bruidhinn ann an guth àrd na eagal/as aonais misneachd</p> <p>“Chlìsg e agus chuir e a cheann fon chuibhrig.”</p> <p>Taghadh-facail “chlìsg e” thàinig an t-eagal air gu luath</p> <p>uaim - airson cuideam a chur air na faclan/airson sealltainn cho mòr 's a bha an t-eagal air</p> <p>ìomhaigh chumanta air a bheil sinn uile eòlach; a' dol am falach ann an eagal</p>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.	<p>A dhà a-mach à:</p> <p>Taghadh-facail/iomhaigheachd</p> <p>“Siud am fuaim a-rithist ach an turas seo aig doras a sheòmair-cadail.” - tha am fuaim a’ tighinn nas fhaisge air Pòl agus a’ maoidheadh air</p> <p>“Bualadh slaodach trom”/“an aon bhualadh tursach goirt”</p> <p>Tha am fuaim seo a’ bagairt air mar rud cunnartach/Tha e mar gum bheil na buadhairean “slaodach” agus “trom” ag innse dhuinn gu bheil rudeigin uabhasach a’ dol a thachairt”</p> <p>“Bualadh slaodach trom coltach ri drum.”</p> <p>Tha an samhla seo a’ toirt air an leughadair a bhith a’ smaoinichadh air chridhe nach eil ag obair ro mhath</p> <p>Tha buille an drum a ri cluinntinn mar ruitheam anns an taghadh-fhaclan fhèin airson sealltainn mar a tha am fuaim a’ tighinn do Phòl/mar a tha a chridhe a’ bualadh leis an eagal.</p> <p>Uaim</p> <p>“buille a’ breith air buille mar chridhe bochd” - a chridhe a’ bualadh mar dhruma. Tha uaim a’ cur ri seo leis gu bheil am fuaim ‘b’ cruaidh agus a’ dèanamh mac-samhail de chridhe fhèin a’ bualadh</p>	2	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	<p>A trì a-mach à:</p> <p>“(ceum athar air an staidhre.) Thigeadh e airson dèanamh cinnteach gun robh Pòl far an robh còir aige a bhith.”</p> <p>Bha athair a' cumail taic ris na òige agus a' dèanamh cinnteach gun robh e sàbhailte.</p> <p>“a' coimhead air ais air mar fhaileas de bhriseadh-dùil.”</p> <p>Cha do choilean Pòl na h-amasan a bha aig athair dha na bheatha</p> <p>“B' fhada bhon a chaill e an stiùir sin agus a fhuair e a shaorsa”</p> <p>Cha robh e a' còrdadh ri Pòl nach robh beatha aige dha fhèin ach nuair a fhuair e a shaorsa bho athair, thòisich e air milleadh a dhèanamh air a bheatha.</p> <p>“stiùir”</p> <p>Tha Pòl a-nis ag aithneachadh gun robh deagh bhuaidh aig athair air a bheatha</p> <p>“Chunnaic e aodann geal, preasach athar a' coimhead air ais air”</p> <p>Chan eil air fhàgail den cheangal ach gu bheil iad coltach ri chèile./ Bha Pòl air fàs coltach ri athair na sheann aois.</p>	3	<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.</p>

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<p>Chleachd an sgrìobhadair an dath 'dubh' a bhios a' riochdachadh bàs/ cunnart/eagal. Tha e "còmhdaichte ... bho mhullach gu bhonn" - a' sealltainn dhuinn gu bheil e dol a dh'adhbharachadh dragh dha Pòl.</p> <p>"(Ged a bha cruth duine air, le ceann agus casan,) dh'aithnich Pòl nach robh aodann idir air"</p> <p>Bha na rudan àbhaisteach air mar cheann is casan ach cha robh aodann idir: 's e taibhs no rudeigin mì-nàdarra a bh' ann.</p> <p>"Bha an duine (ma 's e duine a bh' ann) na sheasamh"</p> <p>Tha an sgrìobhadair air "ma 's e duine a bh' ann" a chur ann an camagan airson teagamh a chur ann an inntinn an leughadair mu dè seòrsa rud a bha air nochdadh.</p> <p>Tha an sgrìobhadair air suidheachadh neònach a chruthachadh tro ìoranas - bha an creutair "a' geur-amharc air" ged nach robh sùilean idir air an duine.</p>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.		<p>A dhà a-mach à:</p> <p>Bha a' ghlas slàn nuair a thàinig an duine an toiseach. Nuair a tha e ga fosgladh tha Pòl a' faireachdainn pian na bhroilleach. Tha e soilleir gu bheil ceangal eadar na tha san leabhar agus beatha agus bàs Phòil. Tha seo a' toirt teannachadh don sgeulachd.</p> <p>A' ghlas dhearg - dh'fhaodadh dearg a bhith a' riochdachadh cunnart/fuil/beatha agus tha an dath cudromach ann a bhith ag innse gur e rabhadh a tha seo do Phòl/gu bheil beatha Phòil a' tighinn gu ceann.</p> <p>“Bhris i na criomagan. Bhris i na sgealpan.” Tha an dà sheantans ghoirid èifeachdach ann a bhith ag innse dhuinn mar a bhuail a' ghlas an làr agus mar a chaidh a briseadh ann am pìosan beaga. Tha ceangal eadar seo agus cridhe Phòil.</p>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.	<p>A trì a-mach à:</p> <p>“Tha mi air tighinn gad iarraidh. Feumaidh tu tighinn còmhla rium.”</p> <p>Tha an duine air tighinn airson aon adhbhar agus chan eil roghainn aig Pòl.</p> <p>“Tha cabhag orm. Feumaidh mi tadhal... Tha cabhag orm.”</p> <p>Chan eil am fear annasach a’ dol a dh’fhuireach. Tha e ag innse do Phòl dà thuras nach bi dàil sa ghnothach/iomradh air ath-aithris.</p> <p>Tha e mar gu bheil an duine annasach ag obair tro liosta de na daoine a dh’fheumas falbh a-nochd - chan eil gnothach aig Pòl ris na tha a’ dol air adhart.</p> <p>Tha am fear-tadhail a’ cleachdadh an fhacail “feumaidh” dà thuras. Chan eil seo a’ toirt roghainn do Phòl argamaid a dhèanamh na aghaidh.</p> <p>“Carson mise? Cho tràth?”</p> <p>Tha Pòl a’ faighneachd tòrr cheistean - tha e mì-chinnteach/làn eagal mun ghnothach. Tha na freagairtean uile aig an fhear eile.</p> <p>“Cuimhnich a charaid, nach eil d’ anail agad... ga h-iarraidh air ais.”</p>	3	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a’ sgrìobhadh cho fad ’s a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’ sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>Ged a tha Pòl beò an-dràsta, chan urrainn dha càil a dhèanamh mu cuin a chaochlas e oir tha am fear eile ga riaghladh. Chan eil grèim aige air a bheatha fhèin.</p> <p>Tha am facal “cuimhnich” ag innse gu bheil smachd aig an fhear dhubh air na tha tachairt.</p>		
9.		<p>A dhà a-mach à:</p> <p>Coltach ri iomadh gille eile, chluich Pòl geamaichean cogaidh nuair a bha e beag.</p> <p>Nuair a dh'fhàs e suas, bha e an sàs sa chogadh. Tha “cogadh gun tròcair a’ sealltainn nach do sheall e truas ri nàimhdean.</p> <p>“chail thu thu fhèin” Bha droch bhuaidh aig na chunnaic/na rinn Pòl sa chogadh air - cha do ghiulan e e fhèin mar a bha còir às dèidh làimh.</p>	2	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean freagarrach eile.
10.		<p>A trì a-mach à:</p> <p>‘S e boireannach laghach a bh’ ann am Màiri agus ged nach robh e furasta dhi a bhith pòsta aig Pòl, dh’fheuch i gu math cruaidh.</p> <p>Bhon a bha i cho snog, bha Pòl am beachd bàrdachd a sgrìobhadh do Mhàiri ach cha do rinn e seo riamh./Cha do rinn e oidhirp beatha mhath a thoirt dhi.</p> <p>Cha do dh’fheuch Pòl ris an dàimh a chumail fallain.</p> <p>Thàinig am pòsadh gu crìch agus ‘s e Pòl bu choireach.</p>	3	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a’ sgrìobhadh cho fad ‘s a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’ sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.		<p>A trì a-mach à:</p> <p>“Gun fhiosta, chuir e a làmh gu bhroilleach.” (loidhne 21)</p> <p>'S e dealbh aithnichte a tha seo do chuideigin aig a bheil trioblaidean- cridhe. Tha Pòl a' feuchainn ri stad a chur air a' phian ach tha am pian cho mòr 's nach eil fhios aige gu bheil e fiù 's ga dhèanamh.</p> <p>“Theannaich a chridhe mar snaidhm na bhroilleach.” (loidhne 30)</p> <p>Tha an abairt “Theannaich a chridhe mar snaidhm” ag innse nach eil an fhuil a' faighinn timcheall agus gun cuir seo às dha/tha an suidheachadh a' sìor fhàs èiginneach.</p> <p>“Bha a chridhe a-nise a' sgreuchail na chluais” (loidhne 37)</p> <p>Tha an sgeulachd a' tighinn gu àirde - tha a chridhe a-nise ann an staid èiginneach agus a' feuchainn ri innse dha gu bheil e ann an cunnart a bheatha.</p> <p>“Bha a bhroilleach a-nis gu spreadhadh - na chriomagan, na sgealpan.” (loidhne 47)</p> <p>Tha Pòl a-nis ann an uchd bàis - tha a chridhe coltach ris a' ghlais - a' briseadh às a chèile.</p>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.	<p>A dhà a-mach às na h-eisimpleirean seo:</p> <p>Plota:</p> <p>Ged a bha a h-uile coltas ann gun robh Pòl a' dol a chaochladh an oidhche ud, tha e a' dùsgadh sa mhadainn. Tha gnothaichean air ais don àbhaist a-rithist. Tha seo a' cur iongnadh air an leughadair - tron stòiridh air fad, bha an sgrìobhadair gar dèanamh deiseil airson bàs Phòil.</p> <p>Taghadh-facail/Ìomhaigheachd:</p> <p>“dh’fhairich e buille fhallain, shocair na bhroilleach”</p> <p>Airson a' chiad uair san sgeulachd, tha cridhe Phòil slàn - chan eil am bàs a' dol a dh'fhalbh leis. Le dà bhudhair - “fallain” agus “socair” - tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn gu bheil ath-nuadhachadh air tighinn air slàinte agus beatha Phòil.</p> <p>“Bha a' ghrian ag èirigh”</p> <p>Tha Pòl coltach ris a' ghrèin, tha e ag èirigh mar as àbhaist an ath latha. 'S e faochadh a tha san t-solas san sgeulachd an dèidh an dorchadais. Tha latha eile a' tòiseachadh agus faodaidh Pòl tòiseachadh às ùr a-rithist cuideachd.</p>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>“Ach nuair a laigh a shùil air na sgealpan dearga briste thuig e...”</p> <p>'S dòcha gun robh Pòl den bheachd gun robh am fear-tadhail mar phàirt de throm-laighe/de thinneas ach tha pìos de na chunnaic e ann fhathast. Tha seo a' togail cheistean ann an inntinn an leughadair - an e trom-laighe/droch shealladh a bha seo no an robh am fear-tadhail dha-rìreabh ann?</p> <p>Tha na “sgealpan briste” mar rabhadh gu feum e a sheann bheatha a chur bhuaithe gus nach tachair seo a-rithist. Tha seo a' toirt togail agus dòchas don stòiridh.</p> <p>Teachdaireachd</p> <p>'S e sgeulachd mhoralta a tha seo a' toirt oirnn a bhith ag ionnsachadh bho na thachair do Phòl - a bhith smaoinichadh mu na càirdeasan nar beatha agus mar a tha sinn a' cur luach annta.</p>		

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]